

**Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean MG ALBA**

26/2/21, 0900-1200

**Zoom**

Dreach geàrr-chunntas

**Buill:** Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair) Màiri Kidd  
Ailean Dòmhnallach Rhoda NicDhòmhnaill

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)  
Neil M Ghreumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Niall Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Donaidh Dòmhnallach (Manaidsear Gnìomhachais)  
Nicola Pearson (Cunntasair)  
Ealasaid Dhòmhnallach (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) [airson puing 8]

**1. Leisgeulan**

1.1 Lisa Annette.

**2. Gnothach Dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh:**

3.1 15/12/20 + 15/1/21 - aontaichte.

3.2 GAE – comharraichte.

**4. Sgrùdadh dèanadais - KPIs**

4.1 Bha pàipear agus KPIs air beulaibh bhall agus bhruidhinn IMT mun deidhinn, a' mìneachadh dèanadais ioma-ùrlar BBC ALBA, le fiosrachadh cuideachd mu LearnGaelic agus FilmG, a thuilleadh air Trèanadh agus Outreach airson fios.

- 4.2 Chaidh ceist a chuir a thaobh dè tha ‘unique users’ air làrach-lìn LearnGaelic a’ ciallachadh. Chaidh a dhaingneachadh gur e seo daoine a tha a’ cleachdadh na làraich, seach daoine fa leth a tha ag ionnsachadh. Sa co-theacs sin, chaidh a dhaingneachadh gu robhas ag amas air 250,000 neach-ionnsachaidh ùr thar còig bliadhna san Lèirsinn.
- 4.3 Chaidh barrachd shoilleireachadh iarradh air an robh àireamhan an iPlayer nas làidire ri linn ceumannan sam bith a chaidh an gabhail no an robh iad dìreach nas làidire gu nàdarrach. Chaidh innse san fharsaingeachd gu bheil iad làidir ri linn prògraman chloinne (agus spòrs agus dràma nuair a tha iad air) ach gu robhas cuideachd gu cunbhalach ag obair air mar a tha prògraman gan taisbeanadh air an iPlayer agus an ceangal eadar phrògraman (ie, dàta agus algorithms) a thuilleadh air tiotalan phrògraman. Bheir Manaidsear a’ Chlàir barrachd fiosrachaidh seachd aig coinneamh a’ bhùird sa Mhàrt.
- 4.4 Chaidh ceist a chuir a thaobh maoin eachadh treas phàrtaidh agus an robh càil a bharrachd ann a bu chòir a bhith air a dhèanamh gu ro-innleachdail a thaobh feallsanachd, ie, am bu chòir a bhith a’ coimhead barrachd ri telebhisean bho sheadh coimearsalta, a’ sireadh am maoin a bharrachd an toiseach, bho dhiofair thobraichean, agus amasan an sgioba coimeansanaidh a choileanadh an uair sin a rèir a’ mhaoin sin.
- 4.5 Chaidh innse gu bheil na ceanglaichean seo a’ toirt bliadhnaichean an àrach agus gur e sin fear de na h-adhbharan a tha cuid a bhliadhnaichean nas treasa na bliadhnaichean eile.
- 4.6 Chaidh innse gu bheileas air ar cuingealachadh a thaobh gu feumar na gheibh sinn tron iomairt seo a bhith gu maith an luchd-amhairc agus cuideachd nach eil na sin de dh’airgead aig a’ bhuidheann.
- 4.7 Chaidh a shoilleireachadh gum bi an £ nas motha an ath-bhliadhna oir tha cnap mòr de dh’airgead nach eil ga shealltainn ri linn ‘s gun deach dàil a thoirt air sreath phrògraman ri linn Covid. Agus gum biodh co-dhiù an £ nas làidire na bliadhnaichean a tha prògraman sònraichte ann leithid Eurovision is eile.
- 4.8 Chaidh aontachadh gu robh seo airidh air barrachd smaoin eachaidh agus rannsachaidh agus thèid a thogail leis an neach os cionn co-bhanntachdan cruthachail aig MG ALBA.
- 4.9 Chaidh còmhradh a chumail mun phrògram 360. Bha aonta ann gu bheil susbaint a’ phrògraim math ach gu bheileas nas mothachail buileach a-nis gu bheil bun-structar agus mothachadh brandd cho cudromach. Ach a-nis ri linn ‘s gu bheil e air an iPlayer thathas an dòchas le bhith a’ dèanamh ceanglaichean ri prògram leithid 5Live agus prògraman eile co-cheangailte ri spòrs nam bann gun tig àrdachadh air na h-àireamhan. Chaidh an duilgheadas a bh’ ann ga lorg, mus deach e air an iPlayer a mhìneachadh – chan eil e comasach do seanail a’ BhBC stiùireadh dhaoine gu companaidh prìobhaideach mar YouTube.

- 4.10 Chaidh ceist a chuir air an robh feum aig MG ALBA (BBC ALBA) air ro-innleachd sònraichte airson nam meadhanan sòisealta, air a fhreumaigeadh ann an dòigh eadar-dhealaichte stèidhichte air na tha air gach ùrlar agus a cheangal air ais gu amasan na buidhne agus dha dhealbhachadh ann am barrachd doimhneachd.
- 4.11 Chaidh innse gu bheil seo ann agus gum bi buill dha fhaicinn ann an diofar phàipearan ach gum biodh e feumail a tharraing còmhla ann an aon àite. Chaidh a chuir an cuimhne bhall gu bheil seo a' nochdadh ann an clàr-obrach na Comataidh sa Chèitean agus san t-Sultain agus chithear an uair sin a bheil iad dòigheil leis an dòigh sa bheileas a' dol an sàs ann.
- 4.12 Chaidh ceist a chuir a thaobh am biodh e iomchaidh cuimhneachan fhaighinn air ro-innleachd 'twin pole' na buidhne. Chaidh innse gu bheil am fiosrachadh seo gu cunbhalach a' nochdadh aig coinneamhan agus ann am pàipearan coinneimh.
- 4.13 **Co-dhùnadh:** thèid còmhradh air leth a chumail eadar Cathraiche na Comataidh agus IMT gu deasbad a dhèanamh air na KPIs a bha iomchaidh dhan chomataidh.
- 4.14 **Gnìomhan:** 1) gheibhear taisbeanadh bho Mhanaidsear a' Chlàir aig coinneamh bùird sa Mhàrt; 2) thèid còmhradhean a chumail leis an neach os cionn co-bhanntachdan cruthachail mar aig 4.8; 3) thèid an tuilleadh breithneachaidh a dhèanamh air ciamar a thèid ro-innleachd BBC ALBA a thaobh nam meadhanan sòisealta mar aig 4.12 agus 4) thèid coinneamh a chuir air dòigh mar aig 4.13. **(IMT)**

## 5. Sgrùdadh bhuidseit

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh a mhìneachadh. Chaidh iomradh a thoirt gur e bliadhna an-àbhaisteach a bh' ann an 2020-21 ri linn Covid. Ri linn 's gun deach dràma a chur dheth chun ath-bhliadhna, chaidh cosgais ann an gnèithean eile a thoirt air adhart bho 2021-22 gu 2020-21, a' ciallachadh gu bheil cuid de bhuidseatan a' coimhead gun deach cosgais seachad air crìochan agus cuid eile a tha fo-chosgais ach thairis air dà bhliadhna bu chòir rèite tighinn air an sin.
- 5.2 Bha aonta dha shireadh bhon Chomataidh gu robh e iomchaidh gum bi cosgaisean thairis air crìochan buidseit ann an cuid a shuidheachaidhean agus nas ìsle ann an cuid eile, ri linn suidheachadh Covid.

### *Aithisg bhuidseit*

- 5.3 Thug NP mìneachadh air aithisg bhuidseit taobh a-staigh am Pasgan Cunntasachd agus chaidh deasbad a chumail.

- 5.4 Chaidh ceist a chuir an robh fo-chosgais sam bith sa ghnè Spòrs. Chaidh innse gur e seo am buidseat air an deach ath-sgrùdadh a dhèanamh (revised budget) a chaidh chun Bhùird san t-Sultain 2020. Bha fo-chosgais ann sa chiad ghlasadh-sluagh nuair a bhathas leis a' chiad chùmhntant leis an solar ach thàinig an dàrna cùmhntant gu bith san Iuchar.
- 5.5 Chaidh a dhaingneachadh nach robh fo-chosgais ann agus chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an sgioba airson sin a choileanadh ann an suidheachadh air leth duilich.

*Molaidhean atharrachadh bhuidseat in-bhliadhna*

- 5.6 Chaidh a mhìneachadh fo dhleastanas fhoirmeil na Comataidh, tha a' Chomataidh ri buidseatan aontachadh sa chiad dhol a-mach, sùil a chumail air coileantachd agus buidseatan atharrachadh ma tha sin iomchaidh agus chaidh iomradh a thoirt air na gnèithean a bha air beulaibh bhall far an robh fo-chosgais.
- 5.7 Chaidh ceist a chuir a thaobh dràma agus an robh soillearachadh sam bith a thaobh an dàil a bha mu choinneamh sin ri linn Covid. Chaidh innse gu bheileas cho cinnteach 's a ghabhas a bhith san àm cugallach seo gun tèid a chlàradh as t-Foghar le dùil a chraoladh aig àm na Nollaig 2021.
- 5.8 Ann an co-theacsa dràma chaidh iomradh a thoirt air an naidheachd gun deach Bannan a reic thall thairis. Chaidh faighneachd dè an suidheachadh a bh' ann gu faigh MG ALBA airgead air ais ri linn an reic seo. Chaidh a mhìneachadh gur ann gu Alba Chruthachail a dheigheadh a' mhòr-chuid de dh'airgead san t-suidheachadh seo agus gur ann as motha a bha MG ALBA a' faighinn às a' chùmhntant leis a' chompanaidh 's e gun d' fhuairas còrichean craolaidh air leth math. Dh'fheumadh teachd-a-steach gu math àrd a bhith co-cheangailte ris an reic mus fhaigheadh MG ALBA airgead. Thèid soilleireachadh iarraidh air a' chompanaidh solar air gnothaichean co-cheangailte ris an reic seo agus tillidh fiosrachadh chun Chomataidh.
- 5.9 Chaidh ceist a chuir am b' fheuch airgead sam bith a tha ann ri linn co-chosgais san fharsaingeachd a chuir gu ruige rèidio agus thèid beachdachadh air an seo.
- 5.10 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich buill gu robh e iomchaidh gum bi cosgaisean thairis air crìochan buidseit ann an cuid a shuidheachaidhean agus nas isle ann an cuid eile ri linn suidheachadh Covid.
- 5.11 **Gnìomhan:** tillidh fiosrachadh chun Chomataidh a thaobh 5.8. [\(DMD\)](#)

## 6. Aithisgean nan Stiùirichean

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh adhartais ann an iomairtean anns a bheil oifigearan an sàs agus chaidh deasbad a chumail.

### *Aithisg an Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair*

- 6.2 Chaidh iomradh a thoirt air BBC ALBA, SpeakGaelic, LearnGaelic, FilmG, #Càrn, Brag, Trèanadh, HD, Luchd-coimhid, Lèirsinn, Hub agus cleachdadh nam meadhanan.
- 6.3 Chaidh an co-obrachadh le BBC Radio Scotland a chomharrachadh. Chaidh innse gu bheil an co-obrachadh seo luachmhor agus gu bheileas fad na tìde ag obair gus an dàimh seo a leasachadh gus pòsadh nas fheàrr fhaighinn eadar rèidio agus TBh air stuthan luachmhor leithid *BBC Radio Scotland Young Traditional Musician of the Year*.
- 6.4 A thaobh SpeakGaelic chaidh a chomharrachadh gu bheileas ag obair air plana conaltraidh, agus a' sireadh taic bho bhuidhnean eile gus conaltradh a dhèanamh ann an dòigh cho innleachdail 's a ghabhas. A thaobh maoin, agus am beàrn de 15% a fhathast a dhìth, tha Sabhal Mòr Ostaig a' bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig mu mhaoineachadh na stuthan teagaisg a bharrachd agus gu bheileas air iarraidh air a' BhBC coimhead air a' bheàrn a thaobh stuthan nan meadhanan, a thuilleadh air gnothaichean co-cheangailte ri *Interactivity* agus *AI* oir dh'fhaodadh seo a bhith air leth luachmhor.
- 6.5 A thaobh dol an sàs le daoine (outreach) chaidh a dhaingneachadh gum bithear dha rìribh a' coimhead ri togail air an seo nuair a cheadaicheas cùisean.
- 6.6 **Co-dhùnadh**: thug buill fainear don fhiosrachadh.

### *Aithisg an Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh*

- 6.7 Chaidh iomradh a thoirt air Lèirsinn, luchd-ùidh, na meadhanan sòisealta corporra, larch-lìn ùr na buidhne agus air an obair le sgoiltean.
- 6.8 Chaidh a chomharrachadh le aona bhall gum biodh e air a bhith na b' fheumaile nam biodh barrachd ùine air a bhith air a thoirt do bhuill coimhead ri tagradh an DCMS agus gu robh an ceann-là a chaidh a chuir orra ro theann. Chaidh leisgeul a thoirt seachad airson seo ach le mìneachadh air cho teann 's a bha an clàr-ama.
- 6.9 **Co-dhùnadh**: thug buill fainear don fhiosrachadh.

## 7. Plana-obrach na Comataidh 2021/22

- 7.1 Bha plana-obrach na Comataidh air beulaibh bhall.
- 7.2 **Co-dhùnadh**: chaidh am plana-obrach aontachadh.

## **8. Pasgan**

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh dèanadais Sgioba Phasgain BBC ALBA ann a bhith a' measadh tagraidhean airson cùmhnantan solar ioma-bliadhnaile BBC ALBA.
- 8.2 Chaidh a mìneachadh do bhuill gun deach plana ionmhasail airson gnèithean phrògraman airson 3 bliadhna 2021/22 -2023/24 aontachadh aig coinneimh an Dàmhair, far an robh e air a shealltainn an uiread a bhiodh air a chosg tro choimiseanadh àbhaisteach agus tro phasgain agus chaidh sanas nam pasgan a-mach às dèidh na coinneimh.
- 8.3 A thaobh pròiseas foirmeil, fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2, feumar aonta a bhith ann ri gealladh cosgais sam bith a tha seachad air £500k.
- 8.4 Chaidh a mhìneachadh gun deach fios mu phrionnsabalan ro-innleachd ioma-ùrlair agus ri linn sin, nam pasgan, a thoirt gu aire nam ball aig Coinneamh Comataidh Inbhean san Dàmhair 2020, aig coinneamh a' Bhùird san Ògmhios 2020, agus Comataidh Inbhean san t-Sultain agus Samhain 2019 agus gun deach Plana Susbaint 2021-24 agus Plana Ionmhais Susbaint 2021-24 aontachadh leis a' Chomataidh san Dàmhair 2020.
- 8.5 Chaidh innse gun deach an cuairt coimeasaidh a shanasachadh san Dàmhair 2020 agus dhùin e air 18/1/21 agus fhuair 10 tagraidhean gu h-iomlan. Chaidh innse gu robh oifigearan toilichte leis an t-slighe leasachaidh air a bheileas le companaidhean agus gu bheileas a' tairgse trèanadh leatha ann an diofar phàirtean den phròiseas gus am bi iad nas làidire buileach aig cuairtean san àm ri teachd.
- 8.6 Chaidh innse gun do rinn an Stiùiriche Ionmhais aithisg fa leth air suidheachadh ionmhais nan tagraidhean mar phàirt den phròiseas aige airson Riaghailt Ionmhasail C.5.2. Dh'innis an Stiùiriche Ionmhais do bhuill gu robh na companaidhean air fad ann an suidheachadh ionmhais seasmhach agus gu bheil tòrr de na companaidhean air a thighinn air adhart gu mòr. Thug e gealltanais seachad gu robh cùisean mar bu chòir gus leantainn air adhart le na pasgan.
- 8.7 Bha coinneamh aig an Sgioba Phasgain leis gach tagraiche airson soillearachadh cruthachail fhaighinn air na beachdan aca. Chaidh measadh a rèir na slatan-tomhas a dhèanamh agus 's e breithneachadh Sgioba Phasgain air an scòradh gu robh a) tuigse làidir ann a thaobh feumalachdan an luchd-coimhid; b) gun robh deagh thuigse ann a thaobh na dh'fheumas a dhèanamh còmhla gu maith na Gàidhlig a thaobh trèanadh dhaibhsan air sgrion agus far sgrion gus dìleab maireannach a thogail dhan Ghàidhlig; c) gun robh ìre tuigse nas measgaichte ann a thaobh ciamar a thèid luach ioma-ùrlar a thoirt air stuthan; d) gu bheil obair ri dhèanamh gus cur an sàs riochdachadh nas fheàrr a thaobh iomadachd (diversity).

- 8.8 Chaidh innse a thaobh iomadachd gu bheileas gu bhith ag obair còmhla leis a' ghnìomhachas air an sin agus gu bheil am BBC gu bhith a' cur làithean foillseachaidh mun seo air dòigh agus gu bheileas airson 's gum bi BBC ALBA air an aon slighe ris a' ghnìomhachas san fharsaingeachd.
- 8.9 Chaidh ceist a chuir a thaobh na planaichean a bh' aig na companaidhean agus dè an dealas a bh' aca a thaobh sgilean Gàidhlig a leasachadh. Chaidh innse sna còmhraidhean leotha gu robhas a' sireadh an seasamh a bh' aig a' chanan taobh a staigh a' chompanaidh agus dè an t-slighe leasachaidh air an robh iad. Bha a' chuid as motha de chompanaidhean làidir agus bha fianais aig a' mhòr chuid gus seo a shealltainn.
- 8.10 Chaidh a dhaingneachadh gum biodh seo a' seasamh taobh ri taobh ri na planaichean leasachaidh cruthachail aca, le slighe adhartais air a chuir mun coinneimh stèidhichte air slat-tomhais.
- 8.11 Le uallach aig a' bhòrd a bhith a' coimhead ri trèanadh agus Gàidhlig, agus leis gun deach tòrr airgid a chuir chun ghnìomhachas, chaidh a dhaingneachadh gu bheil e deatamach gu bheil fios aig a' bhòrd dè an adhartas a chaidh a dhèanamh agus dè na cothroman a tha a' tighinn troimhe ri linn an seilbheach sin. Ged a tha seo ga dheasbad leis na companaidhean, bha faireachdainn aig aona bhall nach eile slatan-tomhais no KPI iomchaidh ann airson na Gàidhlig. Bha seo cudromach airson iomadach adhbhar, nam measg gu robh e furasta sealltainn do mhaoineadaran gu robh iad a' cur £x chun bhuidheann agus gu robhas a' faighinn £x air ais. Chaidh aontachadh gum biodh iomradh ga thoirt air an seo sa phàipear a thigeadh air beulaibh a' Bhùird.
- 8.12 Chaidh a chomharrachadh nam biodh na companaidhean an lùib phlanaichean Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig gu bheil airgead ri fhaighinn airson diofar nithean leasachaidh.
- 8.13 Chaidh a chomharrachadh, ri linn 's gun deach cosgais san uair àrdachadh nuair a bhathas a' coimhead ris a' phlana-susbaint gus buaidh a chruthachadh leis an luchd-coimhid, gun do ghreimich companaidhean air an fheallsanachd seo.
- 8.14 Chaidh aire nam ball a thoirt chun sreath *Light Entertainment* agus gun robh na comharraidhean nas ìsle. Chaidh innse às dèidh breithneachadh air sin, gu robh an sgioba air co-dhùnadh a ghabhail nach tèid an sreath seo a thoirt seachad agus gun tèid an hourage agus an suim airgid sin a chuir gu ruige sreath a bharrachd de *Factual 2*, sreath far an robh farpais làidir, teann agus gun tèid seo a bhuileachadh don chompanaidh a bha san dara àite san sreath sin.
- 8.15 Chaidh a chomharrachadh gu robh bheil atharrachadh cosgais ann de £40k sa bhliadhna eadar cosgais sreath *Light Entertainment* agus sreath *Factual* agus gu bheil roghainnean ann

a thaobh a mhaoineachaidh sin à Cuairt Coimiseanadh, no à maoin co-riochdachaidh no iarraidh air a' BhBC a leasachadh tron tabhartas acasan. Thathas am beachd gu bheil barrachd cinnt gun toir an dàrna sreath *Factual* buaidh air an luchd-coimhid.

- 8.16 A thaobh buaidh a' cho-dhùnaidh sin, ged a lùghdaichidh e an àireamh de dh'uairean a thìde ann an *Light Entertainment* bho na pasgain fhèin, fàgaidh e na h-uairean a thìde uile gu lèir + 1.
- 8.17 Thuirt aona bhall nach robh teagamh ann nach eil BBC ALBA air leth làidir a thaobh prògraman *Factual* ach b' e taobh eile na ceist mura bheil *Light Entertainment* ann am biodh laigse air choireigin do maith na seanail agus nach eile measgachadh gu leòr de ghnèithean air an t-seanail. Ma thathas dha rìribh ag iarraidh *Light Entertainment* air an t-seanail, dè thathas dol a dhèanamh gus na dùbhlain seo a leasachadh, gu h-àraidh ri linn 's gu bheil na pasgan seo a' ruith airson 3 bliadhna. Chaidh a dhaingneachadh gu bheil fuasglaidhean eile comasach a thaobh sin tro choimiseanadh no stuthan a' BhBC.
- 8.18 Thèid clàr de cho-dhùnaidhean gu coinneamh a' Bhùird sa Mhàirt, le a) fios mun phròiseas, a' gabhail a-steach due diligence; b) fios mu riochd nan cùmhnantan; c) measadh air buaidh eaconomach; d) measadh air riosgan agus e) clàr conaltraidh.
- 8.19 **Co-dhùnadh:** thug buill fa-near don fhiosrachadh.
- 8.20 **Gnìomhan:** leis gu bheil e na chleachdadh gun tèid deasbad a chumail leis a' Bhòrd slàn mus cur an Cathraiche ùghdarras ri na pasgan, bidh pàipear mu choinneimh a' bhùird air 10/11 Màrt 2021. (IMT)

## 9. Plana Gàidhlig MG ALBA

9.1 Bha pàipear agus plana gnìomh air beulaibh bhall a' togail air còmhradhean a bh' ann cheanna a thaobh an ìre cleachdaidh de Ghàidhlig taobh a-staigh oifisean na buidhne agus dè as urrainnear a dhèanamh gus sin a leasachadh, lee sùil rudeigin nas eadar-dhealaichte ann a-nis a thaobh daoine a bhith ag obair aig an taigh. Le sin 's docha a' leantainn gu diofar ìrean airson an fhad-ùine feumar coimhead ri dè as urrainnear a dhèanamh gus nach tèid ìre na Gàidhlig sìos agus gu dearbha togail air sna h-amannan àraid a tha seo.

9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

## 10. Buaidh eaconamach

10.1 Bha pàipear agus dreach an scòp air beulaibh bhall a' togail air rannsachadh eaconamach a chaidh a dhèanamh às leth MG ALBA chun seo agus an obair rannsachaidh a tha an impis tòiseachadh an-dràsta. A thaobh an rannsachaidh ùr, a bharrachd air toraidhean



eaconomach maoin MG ALBA mar a tha e an-dràsta, tha e a' sireadh tomhais air a' bhuidh  
eaconomach a dh'fhaodadh molaidhean an Lèirsinn a libhrigeadh.

- 10.2 Chaidh innse gum bi an rannsachadh ùr pàighte 50/50 le taic HIE (suas gu £10k bhuapa-san).
- 10.3 Chan eil Olsberg comasach an obair a dhèanamh ach thathas a-nis a' conaltradh ri EKOS mu dheidhinn, a tha min-eòlach air àrainneachd cruthachail na h-Alba.
- 10.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 10.5 **Gnìomhan:** thèid na figearan ùrachadh stèidhichte air na h-àireamhan a tha ann an tagradh DCMS/san Lèirsinn. [\(IMT\)](#)

## 11. GISBE

- 11.1 Chaidh innse gu bheil co-chomhairle Ofcom (Small Screen Big Debate) a' dùnadh air 17/3/21 agus gum bi freagairt dha ullachadh agus gum bi dreach a' tighinn gu buill sna làithean air thoiseachd.
- 11.2 Chaidh a chomharrachadh gur e seo a' choinneamh mu dheireadh aig an Stiùiriche Ionmhais. Chaidh taing na Comataidh, agus taing a' Bhùird, a bhuileachadh air airson obair thar nam bliadhna. Bidh ionndrainn air ach tha am buidhne a' guidhe gach sonas agus sìth dha a' dol air adhart.

## 12. Deit na h-ath choinneimh – 25/5/21

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*